



Geàrr-chunntas agus Cùl-fhiosrachadh Foghlaim



sàbhailteachd
uisge na
h-Alba

Dè th' age na h-Alba?

Is e comann saor-thoileach de bhuidhnean agus de dhaoine fa leth a th' ann an Sàbhailteachd Uisge na h-Alba a tha ag amas air na cunnartan a thaobh uisge ann an Alba a thuigsinn agus a tha a' co-obrachadh le com-pàirtichean gus dòigh-obrach chunbhalach a chruthachadh gus casg a chur air bàsan co-cheangailte ri uisge.

Carson a tha seo cudromach do sgoilearan?

Is e bàthadh an treas prìomh adhbhar airson dochann/ bàs gun dùil air feadh an t-saoghail, a' dèanamh suas 7% de bhàsan co-cheangailte ri leòn (WHO).

Tha gu leòr chothroman ann a bhith faisg air uisge ann an Alba ri linn nan 30,000 lochan aice agus a costa mòr a tha còrr is 11,800km a dh'fhaid. Chan ann tric a bhios teothachd na mara san RA nas àirde na 15°C agus tha e a' fàs nas fhuaire nas fhaide tuath ann an Alba, a' meudachadh cunnart bho chlisgeadh uisge fuar. A bharrachd air seo, ged a tha Achd Ath-leasachadh an Fhearainn a' ceadachadh saorsa gus siubhail air feadh na h-Alba, tha dùbhlain a bharrachd na cois a thaobh sàbhailteachd. Tha an cunnart bho bhàthadh a' leantainn fad ar beatha, agus mar sin tha conaltradh le clann is daoine òga ro-chudromach gus casg a chur air bàthadh.



Builean ionnsachaidh

- 1 Gus tuigse fhaighinn air na cunnartan a tha an lùib uisge, a' gabhail a-steach buaidh clisgeadh uisge fuar.**
- 2 Gus tuigse fhaighinn air na ceumannan bacaidh a chuidicheadh gus thu fhèin agus daoine eile a chumail sàbhailte.**



Ìre:
An Treas/Ceathramh ìre



Amannan:
50 mionaidean (tuairmse)



Prìomh chuspairean:
Bàthadh, clisgeadh uisge fuar, riosg, seirbheisean èiginn, fèin-teasairginn, Bidh air Feod airson a bhith Beò

Cùl-fhiosrachadh

Tha Sàbhailteachd Uisge na h-Alba ag amas air atharrachadh tar-ghinealach a chur air adhart gus barrachd foghlam sàbhailteachd agus barrachd spòrs ann an, agus timcheall air uisge, a bhrosnachadh. Tha sinn airson taic a thoirt do chleachdaichean agus do choimhearsnachdan gus tuigse agus mothachadh dhaoine òga mu chunnartan uisge a leasachadh, agus daoine òga a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhan co-cheangailte ri uisge ann an dòigh iomchaidh agus sàbhailte.

Tha a' bhùth-obrach seo air a dhealbhadh gus tuigse fhaighinn air na cunnartan a tha an lùib uisge agus air na ceumannan dìon a ghabhas cleachdadh gus thu fhèin agus daoine eile a chumail sàbhailte. Tha a' bhùth-obrach seo a' tighinn bhon sgeulachd dhuilich aig Cameron Lancaster, a chaill a bheatha aig cuaraidh Preston Hill ann an Inbhir Chèitinn, Fìobha. Bha agus

tha pàirt chudromach aig màthair Cameron, Gillian Barclay, ann an oidhirpean gus cur an-aghaidh bàsan co-cheangailte ri uisge agus tha i air a bhith aig cridhe soirbheachas Pròiseact Sàbhailteachd Uisge Fhìobha, a chaidh a sgaoileadh a-mach gu na mìltean de dhaoine òga.

Air sgàth nàdar na bùth-obrach seo, tha sinn a' comhairleachadh gun toirear fa-near do dhochann no call beatha sam bith co-cheangailte ri uisge o chionn ghoirid sa choimhearsnachd agus am measg coimhearsnachd na sgoile. A bharrachd air sin, leis gur e cuspair dùbhlanaich a tha seo, bu chòir do chleachdaichean a bhith mothachail gur dòcha gum bi an cuspair seo duilich do chuid de chloinn is dhaoine òga **agus bu chòir rabhadh a thoirt do sgoilearan ro-làimh**. Bu chòir gum biodh e comasach do luchd-cleachdaidh taic a bharrachd a thoirt seachad ma tha feum air às dèidh an leasain.